

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 48 (which corresponds to Litir 352). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Leugh mi seann leabhar o chionn ghoirid. Tha e air a sgrìobhadh ann am Beurla. Ach tha e mu dheidhinn na Gàidhlig. 'S e an tiotal a th' air *The Gaelic Etymology of the Languages of Western Europe and more especially of the English and Lowland Scotch and of their slang, cant and colloquial dialects*. Abair tiotal!

B' e an t-ùghdar Teàrlach MacAoidh. Bha ùidh mhòr aige sa Ghàidhlig. Bha e a' smaoinichadh gu robh buaidh aig a' Ghàidhlig air mòran chànanan Eòrpach. Tha mi a' dol a thoirt sùil air faclan bhon leabhar a tha a' tòiseachadh le "b".

An toiseach am facal *baste*. Tha sin a' ciallachadh mar a chuireas còcaire lionn thairis air feòil. Sgrìobh MacAoidh gun tàinig sin à *baist* – facal Gàidhlig. *Baist, baisteadh* – *immersing in water, baptizing*. As dèidh sin tha *Bastille* aige – an seann phrìosan ann am Paris. Bha am prìosan sin ainmeil. Thòisich an Rìgh Teàrlach V an obair-togail air ann an trì cheud deug is seachdad (1370). Ach cò às a thàinig an t-ainm? Tha na sgoilearan ag ràdh gun tàinig e bho fhreumh Gearmailteach. Tha iad ag ràdh gu robh e a' ciallachadh "togail". Ach bha beachd eile aig Teàrlach MacAoidh. Sgrìobh esan gu robh e a' tighinn bho dhà fhacal Gàidhlig – *bàs* no "death" agus *tiodhlaic* no "bury" – *bàs-tiodhlaic*. Anns a' phrìosan bha mòran a' faighinn bàs. Agus bha iad air an tiodhlacadh. *Bàs-tiodhlaic* – *bastile*... Mmm...

A-nise *bauble*. San latha an-diugh, bidh daoine ag ràdh gur e *bauble* dèideag bheag. Rud nach eil luachmhor. Ach o shean bha e a' ciallachadh "maide aig amadan cùirte". Air a' mhaide bha dosan is clagan. Thàinig *bauble* don Bheurla bhon Fhraingis. Ach ciamar a fhuair e a-steach don Fhraingis?

Tha MacAoidh ag ràdh gun tàinig e bhon Ghàidhlig *bà*, "a fool", agus *ball*, "an instrument". *Bà-ball* – *bauble*. Uill, chan eil mi fhìn cho cinnteach. Dè do bheachd fhèin?

* * * * *

Faclan is abairtean: leugh mi seann leabhar o chionn ghoirid: *I read an old book recently*; air a sgrìobhadh ann am Beurla: *written in English*; tiotal: *title*; abair tiotal!: *what a title!*; b' e an t-ùghdar Teàrlach MacAoidh: *the author was Charles Mackay*; gu robh buaidh aig a' Ghàidhlig air mòran chànanan Eòrpach: *that Gaelic had an influence on many European languages*; tha mi a' dol a thoirt sùil

air: *I'm going to look at*; mar a chuireas còcaire lionn thairis air feòil: *how a cook puts a liquid over meat*; an seann phrìosan: *the old prison*; thòisich an Rìgh Teàrlach V an obair-togail: *King Charles started the building work*; cò às a thàinig an t-ainm?: *where did the name come from?*; bho fhreumh Gearmailteach: *from a Germanic root*; bha beachd eile aig X: *X had a different opinion*; bha mòran a' faighinn bàs: *many were dying*; bha iad air an tiodhlacadh: *they were buried*; san latha an-diugh: *these days*; dèideag bheag: *a little toy*; rud nach eil luachmhor: *a thing that is not valuable*; o shean: *in olden times*; maide aig amadan cùirte: *a court fool's (jester's) stick*; dosan is clagan: *tassels and bells*; ciamar a fhuair e a-steach don Fhraingis?: *how did it get into [the] French [language]?*; chan eil mi fhìn cho cinnteach: *I'm not too sure myself*; dè do bheachd fhèin?: *what's your own opinion?*

ends